



Digitized by the Internet Archive
in 2013

AON SHÒNRAICHTE

DE

SHEARMOINIBH TAGHTA

AN

OLLAMH ARD-UERRAMAICH R. S. CANDLISH,

PRIOMH SAOR-OIL-THIGHE DHUN-EIDEANN.

EADAR-THEANGAICHTE O'N BHEURLA GU GAEPLIC ALBANNAICH

LE

UILLIAM CATANACH.

Dun-eideann:

CLO'-BHUAILTE AIR SON AN EADAR-THEANGAIR LE LORIMER & GILLIES,
'AN SRAID CHLUAIDH.

1874.

TO THE
VERY REVEREND PRINCIPAL CANDLISH, D.D.

SIR,

I have very great pleasure, by your own kind permission, in dedicating to you—the leader, *par excellence*, in my opinion, of the religious public of our country—a translation by me, from English into Gaelic, of a Discourse of yours, which, to my great instruction and gratification, I happened to have heard preached by you in Edinburgh, not once only, but a second time, previous to its publication, as the opening Discourse in your well-known work, entitled “Scripture Characters.”

The motive which has actuated me in attempting the performance of this slight labour of love on behalf of a cause in which you have spent your lifetime, will, I hope, irrespective of the intrinsic merits of this emanation of your fine and powerful genius, recommend it to the attention of many of our countrymen on account of the Christian, Scottish, and Highland object which I have had in view.

I am,

VERY REVEREND SIR,

Your obliged and most obedient humble Servant,

WILLIAM CATTANACH.

EDINBURGH, June, 1867.

PREFATORY NOTE TO SECOND EDITION.

A NEW edition of this translation having been earnestly desired, the Translator willingly complies with that request, in the hope that the recent lamented death of its distinguished Author may render it peculiarly acceptable to our Gaelic-reading population. The original design of the publication was to assist in the erection of a church in the Highlands, and it met with the cordial sympathy of Dr. Candlish, who was always ready to lend his valued aid in behalf of his Gaelic brethren. And now that the grave has closed over him, and nearly “all his brethren, and all that generation,” to whom his living voice was so familiar, and by whom his active and energetic services were so widely appreciated, the text on which this eloquent sermon was preached assumes an interest singularly solemn, touching, and appropriate. In presenting this new edition, the Translator has only to renew his fervent prayer, that his Gaelic readers may experience, when perusing it in their mother tongue, the same satisfaction which it imparted in its first delivery to himself, and which it still affords to so many who have read it in the well-known volume of “Scripture Characters.”

W. C.

EDINBURGH, 8th January, 1874.

DEARBH-SHAMHUILT AIR GACH UILE NI—

“AGUS FUAIIR E BAS.”

GEN. v. 5, 8, 11, 14, &c.

“Agus fhuair Ioseph bàs, agus a bhràithrean uile, agus an ginealach sin uile.”—Ecs. i. 6.

GUS an trà so, o linn Hòmeir, chaidh siubhal sios ghinealach dhaoine a choimeas ris an duilleach ameasg chraobh na frìthe. An duilleach a ni, air an t-samhradh so, meath as, uigh air ’n uigh, ’sa sgaoileas à chiar-bhrat millte air uachdar na talmhuinn, ni an t-ath Earrach, le à thoir-bheartas, ath-ùrachadh. De na milltibh lion’ar de bhlàithibh àillidh agus de dhuilleagaibh uaine a bha, o chionn beagan mhìos, a’ sùgradh gu faoileasach ann an gathaibh aoibhinn na’ gréine, cha’n’eil an diugh, a h-aon a làthair; ach thig buidheann ùr dhiubh, làn soillse agus solais, a rìs a chòmh-dach nan géug, agus a rìs bristidh bòidhche agus binneas feadh nan coilltean, mar do ghnà, ceart ’s mar nach d’thainig crionadh idir air an géuga duilleagach: Is ionann so agus daoine; “siùbhlaidh ginealach as, agus thig ginealach eile, ach fanaidh an talamh gu bràth,” (ECCL. i. 4)—ionann eile do’n ghineil a ta teachd—ionann do gach uile ghné de throm shaothair, de thûr dhiomhanas de dhòchas ’s de mhealladh m’ a seach—mar nach tugtadh riamh dhuinn fair-eachadh mu chaochladh—mar nach eucas riabh ceol—caismeachd a’ Bhàis a’ torman os ceann an àil a tha ’dol seachad.

Ach tha aon ni ann ris nach 'eil an sàmhachadh ud a' co-sheasamh, tha dealachadh eadar sliochd an duillich agus sliochd a chinne-daonna. Tha astar fàsail eadar an dà shamhradh, astar a ta gu comharrachte 'nochdad' na slighe eadar an da thrà, leis "a' choille luim gheamhraidh." Ach cha'n eil fosadh mar so air siubhal-sios ghinealach nan daoine. Tha iad so, mar gu'm b'ann, a' leaghadh's a' co-ruith 'na chéile; siubhlaidh seann duine agus beirear lean-abh; gach latha 's gach uair tha bàs agus breth ann; agus, uigh air 'n uigh, gun a thoirt fainear, falbhaidh luchd-saoith-reach agus ùbraid an t-saoghail so, agus thig buidheann ùr nan ionad a' shaoithreachadh mar a rinn iadsan. 'Sann a' so 'tha e tachairt nach eilear mar a's trice a' ceart—bhreith-neachadh lan—neart nam briathra so, "Tha ginealach a siubhal agus ginealach eile a' teachd; ach fanaidh an talamh gu bràth."

Deanamaid a nis a shaoilsinn gu bheil glac eadar ghinealach nan daoine mar bha an geamhradh eadar siubhal agus athfhàs nam blà. Seasamaid air innis-mheadhoin 'an àiteigin 'an sruth na h-Eachdruidh, far am beil, mar gu'm b'ann, bealach na beàrn eadar aon sgeul innse agus sgeul iùns'eile anns a' bheil lan-shruth na beatha 'bhuineas do'n cheud uirsgeul, air a dheothal a stigh, 's air a shlugadh, agus ann's nach do thòisich an sruth ùr fathast ri ruith. A shamhuil so de sheasamh tha againn 's an Eachdraidh naoimh eadar cuid de na fad-chéuman a ta'n Eachdraidh sin air toirt, thairis air mòran bhliadhna chan, eadar crioch no deireadh aon chuis sgeòil, gu tùs sgéul-aithris eile, ann an co-streup an t-saoghail; mar a ta (mar shamhuil) eadar dol-siòs cloinn' Israel do'n Eiphit, ann an làithean Iòseiph, agus aù teachd air an ais ri linn Mhaois. Ann an so tha againn fàslach thiamhaidh, mar gu'm b'è 's gu'n tigeadh geamhradh lóm eadar an tràth 'san robh Iòseph agus na bha ri 'linn

’gän nochdadhd féin co-riochdail,—agus tràth eile, anns nach d' fh'an aonan de'n dream a bh'ann roimhe, beò air ùrlar na beatha : ach 's ann a “dh'éirich righ ùr air an Eiphit, do nach b' aithne Iòseph.” Agus shaoilte gu'n robh aig an Eachdraiche trom smuainte mu'n fhàslach so, ’nuair, ann a bhi co-dhùnadhdh an uirsgeoil uile, ta e'criochnachadh an iomlain anns na briathra goirid brigheil so,—“Agus dh'éug Iòseph, agus a bràithrean uile, agus an ginealach sin uile.”

’Se an ceud ni a bhuaileas ar n-ìnntinn, air léughadh na rainne so, ä riochdalas agus ä neart, mar mhineachadh air an sgéul a ta e'criochnachadh cho cäs, bhrìogh'or. Ann an sgeul-ìnse 'chaidh seachad ro'i 'n rainn so, chunnaic sinn sealladh sùrdail—dealbh beò, mar gu'm b'è; agus a nis, tha an t-iomlan air a thoirt gu mì—dhealbh, mar gu'm b'ann le aon sgriob. Beagan roimhe so, chunnaic sinn còmhlan mòr sluaigh—(ionann's sinn féin 's gach dòigh) a' gluasad 's ag ùpraid gu dian feadh a chéile mu'n gnothaichean féin, fa leth, no gnothaichean an teaghlaichean, no an gnothaichean uile maraon, ionann direach mar sinne. Bha iad uile dùrachdach 'nan gnothaichibh fa leth; agus 'nan là-san bha h-uile ni cho càramach dhoibhsan's a tha ar nithe féin dhuinne air an là 'n diugh. Smuainich iad, mhothaich iad, dh' fhuiling iad; rinn càram än treachladh, togalaichean än cur fo bhuaireas, agus thug an oidhirpean neofhoisneach 'an aghaidh chaochladh do-chìosnail an Rätha mar gu'm b'ann air an ùir fo'n casan beo le cruaidh spàirnn agus deanadas an t-saoghal—ach féuch ! mar gu'm buailt' orra slat-dhrùighteach, no gu'n cuirte căr cäs ann an roth falaich—sid as, mar sgàile bruadair, an t-iomlan de'n mhòr-dhomhladas sluaigh ud, shuidh sàmhchair chianail an léirsgríos 'nän àite. Ionann so's mar gu'm biteadh dùrbheachdachadh air a' chuan, agus càbhlach deas-uighimichte a' snàmh gu h-àillidh air 'fharsuingeachd fhial, ag aomadh fo'n t-soirbheas, agus a' smachdachadh nan tonn bochdach le caith-

ream—agus gu'n seallta á rìs agus nach faicte dad ach an cian-chuan sàile, gu ciùin 'na shìneadh, gu dubh duaichnidh, os ceann an luingeis, fada fodha, a thur sgrios an stoirm ghabhaidh a bha ann a chianamh. Antìruile 'bha àitichte leis na daoinibh a ta fo'r n-ùigh-bhròin,—an Eiphit le à togalaichean binneach, agus a luchairtean riòmhach,—Gòisen le ä dhachaidhean ciùin ciobarail—fonn torrach Chanàin—fasaichean bothanach Ismàeil—dh'fhalbh iad uile as ar sealladh, ann am plathadh; agus, 'nän àite, tha againn ionad uaighean, aon chaithir mhor, shàmhach, bhàis, —“Tha Iòseph marbh, agus a bhràithrean uile, agus an ginealach sin uile.”

Nach ann an so a ta'n clar-ìnnse bàis! an sgeulaithris air bàsmhorachd! Ge goàrid e, gidheadh, cia mion àraidh e-a' tòiseachadh le fios mu aon neach, agus an sin ag åt 's a' léudachadh gus a' bheil e' glacadh 'sa'sguabadh leis an iomlain gu tur-bhuileach! 'Sa' cheud dol amach tha iomradh air aon ainm “dh'ëug Ioseiph”—mar gu'm bu mhiann gach aon iomradh fa leth—ach tha'n àireamh a' fàs 's a' liònìmhòrachadh ro chäs,—tha ä bhràithrean mar an ceudna marbh. Dh'fhaoidte cuid diubh sin, fòs, ainmeachadh,—Reùben, Simeon, Leìbhi, agus Iùdah,—Isachar, Sebulun, agus Benjamin—Dan agus Naphtali—Gad agus Aiser. Ach tha'n teaghlaich, cheana, air mùrachadh gu lionmhorachd nach eil e furasd a mheas, agus mu thiomchioll an Eachdraiche tha cruinn domhladas sluaigh, nach comas do chùnntas gu deas àireamh, no do pheann sgriobhadair clis fuireach ri'n cur sios, 's tha'n leabhar cuimhne cho beag's nach teachd iad ann; uime sin, feumar an càradh uile fo aon fhios goirid, gun iomradh orra fa léth, fios, a dh'aindeoin sin ni's ro dhrùitiche briathra—“Dh'ëug Iòseph, agus ä bhràithrean uile, agus an ginealach sin uile.”

“Agus an ginealach sin uile.” Cia lion mile tha na briathra so a' filleadh annta? Agus cia lion mile air am bheil na

facail so amhàin 'nam marbh-rann 's 'nan cuimhneachan ? Nach culaidh—chlisgidh an gearr bhriathrachas uamhasach so, an teannachadh 's an giorrachadh so—ainmean agus each-draidhean nam muillionna air an cur sios anns an aon fhios ghoirid so-gu'n d' fhuair iad uile bàs ! Agus bu daoine iad sud a bha, 'nan àm goirid féin, cho sùrdail dian 'sa ta sinne 'n diugh,—ion cho làn ruinne de innleachdaibh, de shealltuinn rompa,—ion cho cùramach mu'n gnothaichean féin agus na h-ùine 's am bu bheò iad 's a ta sinne air an uair so. Dh' fhaodadh gach aon diubh leabhar a lionadh le fios mu ghniomhara agus ionnsaidhean a bha cho mòr 'nam beachd féin fa leth, 's nach bu chòir gu'n deanta gu brath dì-chuimhn orra, gidheadh, 'se uile na ta'm fios naomh so toirt umpa, agus cha'n ann air leth,—ach 'nan aon mheall gun aìreamh gun chomharradh—“gun d' fhuair iad uile bàs.” Neo, ma roghnaicheadh fear àraidh sam bith de'n iomlan,—a chum aire chomharraichte—ma tha ann, tre stiuradh an Fhreasdail, agus air sgàth 'fheothais féin, fear a choisinn 's an eachdraidh so, cliu a bhios mairienn—agus ma chruinnich e m'a thim-chioll cròithlean beag a ta 'nan seasamh gu doilleir amharusach ann an dealradh ä shoillse-san, agus nach do chailleadh anns a' chumasg choitcheann gidheadh, am fear a's barraichte dhiùbh, agus iadsan a ta, ann an cuid a co-roinn ä shaorsasan o dhi-chuimhn, cha'n eil iad air an gabhail fath leth ach chum gu'm b' fhearr a chìte gu bheil aca an earrann féin anns a' chùis a dh'eireas maraon do gach uile neach ; agus foghnaidh do gach aon fa leth, agus do'n iomlan fòs, an t-aon gheàrr—bhriathrachas mu dheiradh thall—“Agus dh'éug Ioseph, agus a bhraithrean uile agus an ginealach sin uile.”

Air chinnt shaoilteadh, gu'm b'e rùn an Tighearna,—leis a' bhàs-chlar fharsaing so mu ghinealach ioamlan,—a dheilbh ä spiorad féin, comharr a fochaide (margu'm b'e) agus neonidh-eachd a bhualadh air gach uile mhòrchuis agus air gach uile

àrd eadardhealachadh inbhe 's an t-saoghal so ; thaobh gu bheil iad sin uile 'gan call ann an slugan a' Bhàis, a ta treò-rachadh gu aon eadardhealachadh na Siorruidheachd.

I. Beachdaicheamaid a nis air an innse-sgeòil so mar tha i 'tighinn air aon neach—"Dh'èug Ioseph,"—Tilleadhmaid air ar n-ais leis an fhios so troimh sgeul uile chaochlaidhean liònmhor ä bheatha iomadaidh-sgeul a ta taisgte 'n ar eridhe le mòr-spéis agus tlachd, o'n drùghadh a rinn i oirnn 'an àm maothalais na h-òige. Nach eil am fios so a' deanamh an sgeòil, anns gach caochladh ; ni's caoine s ni's tiamhaidhe leinn ? Chi sinn Ioseph 'na leanaban,—'na ghiúlan,—'na òganach aig a bhaile,—'na bheadaran aig athair 's e 'na bhantraich,—mar cheud èarlais a' ghràidh sin a ta nise air a naomhachadh 's a' Bhàs. Ta sinn 'g ä leantunn le mor cho-fhulang troi chluipean beaga agus ribeachan teaghlaich nach robh aon-sgeulach, do'n d' rinneadh e gu furasda 'na chobhartach, a thaobh 'aon fhillteachd gun ghò, gun amharus, agus an uair a smuainicheas sinn uime eadhon aig an àm sin, a' faotuinn urraim, 'na ghiulanachd, a bhi faighinn foillseachaidh o'n Airde, agus, air a cheart fhàth sin, a' fulang geur-leantuinn agus fuath na muinntir do 'm bu chòir gu nàdurra ä chaid-readh agus ä theasraiginn ; 'nuair léughas sinn ä thoil neo-agail än coinneachadh leth na slighe 'nan innleachdan 'nä aghaidh,—agus cia du-ghamlasach 's a bha 'n cùid innleachd—a'mhealltaireachd mhi-chneasta a rinn iad air a sheann athair, agus cia caol 's a fhuair e féin teasraiginn, le còmhnhadh an Fhreasdail, nach 'eil an smuain so 'gar bualadh gu tiomhadh nach d' rinneadh so gu léir, ach a ruigsinn a cho-dhunaidh ghoirid so, "Dhéug Ioseph." Leanaidh sinn do'n Eiphit e. Theid sinn leis do thig Photaphair agus tha gàirdeachas òrinn air son àrdachaidh 'an sin. Tha againn co-phairt 'nä thàir agus 'na mhasladh. Tha Iòseph 's a' phriosan dhuinn mar sheann charaid eòlach. Tha gràdh ar eridhe aguinn air, air son

äu neochiontais, onarach gun smal agus fhirinne gun mheang d' ä mhaighstir a chaidh a mhealladh, a dhillseachd sheasmhach d' ä Dhia—agus tha corruiich lasanta oirnn air son gach encoir a ta e' fulang. Na bruadair a rinn e mhìneachadh, do'n àrd-fhuineadair, coire an àrd bhuidéalair, gach car, air fad, a rinn àrdachadh gu mor-mheas an Righ—an inbhe gus an déirich e ann an cùirt Phàro, ä chumhachd thar na h-Eiphit, a sheòltachd ann an solar a dheanamh air chionn bhliàdhnachan na h-airce,—a bhuntainn r' ä athair agus ri teaghlaich 'athargach cui's dhiubh sin 'nä eachdraidh (eachdraidh a ghabh greim air ar cridhe 'an tùs ar n-òige, agus a's fhaide, 'chumas greim air 'nar n-aois) tha na cùisean sin uile a' cur air siubhal talmhaidh Ioseiph gràdhalachd agus àille 'nar beachd toigh-each-ne, ionann, seadh fada' bharrachd air na thachair oirnn riannh anns na chruthaich na dheilbh Fionsgeulas.

Cha taitneach, maith a dh' fhaoidte, dubhar gulmach a' Bhàis a sgaoileadh thar an dealbh bheathail so ; gidheadh tha'n sgàile sin (mar chamhanaich sheimh fheasgair thar tìr ghniomhaich), 'ga sgaoileadh fein thar an dealbh, mar ghnè de chaoin eadar-sholus ciatach ; agus tha e, co dhiubh, a' teagascg leasain fhallain dhuinne—'se sin, sinn a chuimhneachadh, cia bith co àrd 's a bha inbhe Ioseiph 'n ä là féin, iomraiteach 's ga bheil ä chliù feadh gach lìnne, mòr agus buan gan robh toradh ä ghniomha 'n déigh dha siubhal, cha b' ann a mhàin a thaobh Israeil, ach a thaobh na h-Eiphit agus an t-saoghal, uile,—b' fheudar dhàsan fadheòidh, dol “air slighe gach uile fheòla.” A dheuchainnean iomadach antrom—ä bhuaidhean le'n uile urramachd, bha iad uile maraon gearr, agus diombuan ; agus thainig crioch air ä shiubhal dian mar is fheudar teachd air beatha an neach 'as dìblidh bhos, oir “Dh'éug Ioseph.”

Leughaibh a-rìs eachdraidh Iòseiph, agus cumaibh daonnan fo'r n-aire an ceann-sanais so, “Agus dh'éug Ioseph”—Ath-ghinibh gu sùil-bheachd ur n-inntinne gach car fa leth

a thainig air ri 'bheò, agus an geur amharc dhiubh air duine air an d' thainig a lion de chaochlaidhean, cluinnibh guth bròn—fhuaimeach gun tamh gun sgur a' seirm 'nur cluasaibh, "Agus dh'éug Ioseph." Agus feuchaibh cia an diongadh a bheir a chaismeachd bhrònach ud air a bhreath a bheir sibh m'an chùis, agus air ur mothachadh féin 's an àm. Seallaibh air gach caochladh fa leth 's a' bheath' ud, curiribh e gu taoblh,—tearbaibh e o na h-uile car eile, thugaibh e ann an dlù-thaice ris an innse a ta co-dhunadh an iomlain, agus faicibh cia mar 'sheallas e ann an solus no ann an sgàile ciar-ruiteach na h-uaigne. Tha Iòseph aig an tigh, na phaiste beadarrach aig 'athair. A ! a sheannair urramaich, na bi mo' a's beadarrach mu d' ghiùlan àluinn, umhail. Cuimhnich cia tràth 'a a dh' fhaodar a ràdh uime, agus cia cinnteach is fhéudar a ràdh, "Dh'éug Ioseph"—Chailleadh Ioseph, agus bha athair fo dhu-bròn. Bha e smuainteach air coslas an deagh rath a bhiodh air a mhac, na'n rachadh a chaonadh car tainuill. Ach na bì fo sprochd a sheann athair léith. Ciod é ged dh' fhalbh do leanabh mu'n do choisinn e duaisean faoine na beatha so ? A ! smuainich ged dh' fhàgt' e gus am buanaicheadh e iad gu léir, gum b'i an t-aon chrioch bu deireadh dha, agus gum feumta ràdh m'ä thimchioll, "Dh'éug Iòseph." Tha Iòseph ann an anshocair,—air a bhrath—fo ghéur-leantuinn, air a léireadh agus air a chràdh ann am maothalas a chridhe 'n ä choigreach, am measg choigreach 'na phrìosanach, 'nä thràill. Ach na biodh mi-shuaimhneas thar tomhais air, air-son call ä shoirbheis. Cha bhi ann da ach an t-aon n' nuair theid beagan bhliadh nachan seachad, agus a thig a' chriòch. Seallan beag agus theirear uime—"Dh'éug Ioseph." Chaidh Ioseph àrdachadh—tha e àrd ann an saibhreas, an urram 's an cumhachd. Chaidh aiseag d' ä athair—rinn e réite r' ä bhràithribh. Ach c' uime dheanadh ä ghlòir agus ä shòlas uile 'inntinn a thogail ? Is neon i sin dha-san gu

goirid—’nuair a theid a ràdh uime, “Dh’éug Ioseph.” A ! cha ’n eil buaidh a measg bhuidh lionmhòr Ioseiph uile, ach a h-aon a mhàin, ’n à ràth no ’n à ghiulan, nach searg ’s nach crup an leth rìs a’ gharg-fhiosrachadh so. ’Aon fhillteachd na h-earbs’ a bh’ait ann an Dia, a dhian-sheasamh rìs an fhìrinn agus ri naomhachd, deadh-ghean Neimh, à sheirc á cridhe glan, à dheagh chogais, agus à chreideamh gun ghò-seasaидh iad sin an aghaidh caisleachadh so à bhàis. Agus ’si an aon smuain shòlasach air am mìann leinn gu h-àriadh màirneal ’nuair a léughas sinn an sgeula so, gur h-e an t-Ioseph so a ta nise marbh, an t-Ioseph céudna a labhair gu mòrail na briathra—“Cí a mar ni mise an aingeachd mhòr so, agus peacachadh an aghaidh Dhia”—an t-Ioseph céudna mun do léugh sinn ’nuair bha e’m priosan gu’n robh an Tighearna maille rìs, agus gu’n do nochd e tràcair dha,—an t-Ioseph céudna a chunnaic sinn ann am fianuis Pharaoh a’ diultadh urraim sam bith dha féin ach a’ toirt na glòire do Dhia a mhàin—“Cha’n eil e annamsa—Bheir Dia do Pharaoh freagradh sìthe ;” an t-Ioseph céudna a labhair cho caomhail r’ à athair ’s r’ à bhràithribh a’ tlusachadh leapa-bàis athar le ’ghealltainn da, (mar b’e à mhiann e), gu’n cùirte ’nà laidhe e mar ri shinnse ann an tir a’ gheallaidh—“ni mi mar a thubhairt thu”—agus gu caoin-chiatach a’ toirt faochaidh do choguisean bruaiddhleanach à bhràithrean—“Na biodh eagal oirbh ; rùnaich sibhse ole mu’m thaobh-sa, ach rùnaich Dia e chum matha ; bèathaichidh mise sibh féin agus ur mui-richean,”—agus fadheòidh, an t-Ioseph céudna sin a fhuair-eadh tréun ’an creàideamh an tra thainig ’uair dheireannach féin air, a’ dòchas ’an agaidh’ dòchais, ag iomradh air dol suas Cloinne Israeil, agus a’-toirt àithne mu thiomchìoll a chnàmh féin, ag radh, “Gu cìnnteach amhaircidh Dia oirbh, agus giulainidh sibh leibh mo chnàmh-a-sa suas á so.”

Seadh, is ni-eigin e’ fhoglum gur h-e lethid so do dhuine

'th 'ann ; duine le'n eagal oilbheum a thoirt do Dhia, a ta 'g earbs as ä thròcair, 'gä ghlòrachadh am fianuis rìghrean ; duine, fòs, cho dleasdanach d' ä athair fein, cho fialaidh s cho mathasach r' ä bhràithribh ;—duine, fadhèoidh, a bha, gus a' chrioch, diongmhalt 's a' chreideamh, agus aig an robh dòchas aoibhneach ri oighreachd Dhia ;—is ni-egin e' fhoghlum gur e lethid sin de neach, gur e Iòseph a' fhuair bàs. Tha furtachd anns an sgéul—“Dh'ëug Ioseph.” “Theid an t-ionracan a thoirt air falbh roimh an olc a ta ri teachd,” “Is beannaichte na mairbh a bhàsaicheas anns an Tighearna !” Mar sin “bhàsaich Iòseph.”

II. “Agus ä bràithrean uile.” Dh'ëug iadsan uile mar an céudna, agus chriochnaich gach car de'n eachdraidh anns an uaigh. Ann an eachdraidh an teaghlaich ud, chìtheart snuagh maothalais aig àm, agus aogas trioblaid aig àm eile, tiamhachd 's taomachd ma seach mar chitheart ann an eachdraidhean theaghlaich eile rompa 's 'nän déigh,— ach tha 'm barrachd aig eachdraidh Israel tharta gu léir ; agus nach 'eil gach car a th'anns an sgéul a' dùsgadh smuaintean cudthromach tiamhaidh an uair mu dheireadh a tha fair-eachadh brònach a Bhàis 'ga thoirt seachad? Na daoine 'bu chuspairean air an sgéul so, muinntir an aon teaghlaich so, air chinnt smuainicheadh iad agus dheanadh iad gu buileach mar nach d'rinn iad, na'n robh iad do gnà ag'ath-bhreith-neachadh cia trà 's a thigeadh an t-àm 's a chriochnaichte än sòlas 's äm bròn, äm farmad agus än lasan, äm farpuis agus äm falachd, än trod agus än réite äm peacadh 's am fulang, nan do mheas iad gu'm b'e so sgeul aithgearr faoin na cùis' uile, “agus dh'ëug Ioseph agus a bhràithrean uile,” O! nach b'i 'n smuain so do'm bu chòir an dluthadh ri chéile gu h-aonsgeulach ann an gniomh, ann an gràdh, 's ann an co-dheanadas. Is gann gur treise an ceangal 'tha eadar muinntir an aon chinnich na a ta eadar muinntir fo'n aon bhinn. Bu chionnfàth mòr ghràidh

e d'a chéile gu'n d'rugadh iad uile an tigh an aon athar, agus, gu mòr fada seach so, 'nuair smaoinichte nach b' fhada gus am faodta' ràdh agus, dh' fhéumta ràdh mu'n deibhin, gu'n deach aidh iad uile do'n aon ionad-taimh anns an uaigh..

Is cianail a bhi 'faicinn uaighean teaghlaich 'gän cladhach 'an deigh a chéile ; gach bristeadh a thig 's a chrònraig bhig 'nuair ghairmear air falbh iad, aon air aon ; is cùis mhòr smuaine sin do'n dream a dh'fhàgar beò dhibh ; dùisgidh so beachd ùr 'nur n-inntinn mu'n choluadaр bu gnàth a bhi eadaraibh roimhe. An uair a shiubhlas neach á teaghlach, och ! nach toir sin orrasan a mhaireas beò amharec ann an solus ùr air na chaidh seachad, agus smuaineachadh,—agus och ; cia minic ann an seirbhe anama,—ciod an giùlan a bh'aca 'thaobh a chéile agus ciod uime no ciod a' chrioch mu'n robh iad cho fad' a' fuireach còmhlaigh ? An caraid, no am bràthair gaoil a dh'fhalbh uaibh thog ä bhàs annaibh ùr-luach agus barrachd meas, còir air ùr-ghràdh caomh a bhi agaibh air. 'S ann a nis air thùs a mhothaich-sibh cia gràdhach bu chòir dha bhi, agus fòs a bha e, do'r eridhe,—ni's gràdhache na shaoil sibh riabh roimhe. Cia toigheach 's a chnuasaicheas sibh air gach deagh bhuaidh agus ciatfhachd a bha fuaighe ris. Cia mar chi sibh ä choireanan agus ä chuid an fhainnean a' siubhal air falbh gu doilleir sgàileach ! Agus, och ! nach cràiteach géur an treaghaid a thig air ur n-aigne 'nuair a ni ur n-anam meòrachadh air mi-chaioneas sam bith a nochd sibh dha no dearmad sam bith a rinn sibh air ! Cia neòineach a-nis a chi sibh gach cion-fàth cònnsachaidh a bh' eadaraibh, 's gach uile lethsgeul a bh' agaibh air son à bhi caoin-shuarach ! Sgaoil am bàs orra gu léir dreach tur fhaoineis agus dù-neònìdheachd ; agus is searbh do-fhulang a nise an smuain gu'n do chaill sinn, air sgàth nam faoineas suarach ud, mar a ta a h-uile ni saoghalta a thogas fionnaireachd agus teagamh ameasg bhràithre, gu'n do chaill no gu'n do, chaith sibh an

ùine sin bu chòir a caitheamh ann an càirdeas agus ann an co-chomunn caidreach, an ùine luachmhòr sin nach robh ri marsuinn ach goirid. Cia togarrach a bheireadh sibh ur maoin uile, na'm b'urrainn sibh an t-aon a dh'éug a ghairm air ais ach car aon latha, no uaire los gu'm faigheadh ur cridhe trom aotramachadh, agus gu'n deanadh sibh a ris gràdh agus mathanas a mhalairt r ä chéile! Nach blath a choinneamh a bhiodh a nis agaibh, còmhdailean làn earbsa agus cion, dhàsan air an d' rinn sibh an dé, theagamh, sealltuinn thairis, no do'n d'thug sibh oilbheum. B' fhéarr gu'n robh 'fhios agaibh, 'na thra, cia luath 's cia cas a dh' iarradh am Bàs e mar iobairt. Och! dheanadh sibh an sin féum na b'fbearr d'an ùine 'bha e maille ribh! Cha robh sibh air leigsinn seachad a liuthad cothrom air 'eolas ùrachadh agus a chàirdeas a mhealtuinn. Cha robh sibh air leigsinn seachad, o là gu là, ur rùn caomhalais dha. Cha robh sibh cho deas agus cho tric 'nur coigrich air. Cha bhiodh e fo theagamh agaibh, fo fhamrad, 's cha'n fheargnaicheadh 's cha leònadh sibh e mar a rinn sibh. Cha robh sibh cho buan a leantuinn ur tograidhean féineil, no 'g iarraidh ur leas féin adhartachadh no 'toirt än àilleis do bhur anamianna féin. Agus a bhàrr air so uile cha deanadh tu, 'nad bhuntainn ris, t-inntinn a chleachdadh cho buileach mu nithe an t-saoghal so, agus dearmad cha mòr air nithe na siorruidheachd. O! cha tachradh sibh 's cha dealaicheadh cho minic gun aon smid no aon smuain eadaraibh mu chùisean na diadhaidheachd. Labhradh sibh na bu dìlse; dheanadh sibh còmhراadh 's comunn mu na nitibh a bhuineadh do'r sith. Ghuileadh sibh maraon thar a pheacaidh, agus maraon mholadh sibh gràdh an t-Slànuighir, 's dheanadh sibh ùrnuigh co'lath agus dh' aonadh sibh ri chéile ann an oibribh creidimh agus 'an saothairibh gràidh. Bhiodh ur n-eòlas air a chéile mar so gu buileach air a cho-amhladh, agus bhiodh Dia na bu ro-

bhuiliche air aideach agus rachadh “facal ’na àm” a labhairt agus theagamh gu’m fàgta ni-eigin gun ràdh a bhiodh cunnartach do anam peacaich a’ bàs, ma ’s è ’s ’nuair mu dheireadh a chunnaic thu do bhràithair’s a bha thu ’còmhradh na’n robh agad am beachd’ bu lugha gu’n robh e cho cas ri siubhal d’ä dhachaidh bhuain.

Agus am beil am beachd so a tha againn ’s a bhinn-bhàis so a’ call ä neirt an uair nach gairmear air falbh muinntir teaghlaich cha’n ann a lion aon ’s aon, ach a ghairmear iad uile còmhla le aon fhios sguabanta a sgàilean an t-saoghal so, gu rìreamh a’s uamhasach an t-saòghail shioruidh? Nach guth eagallach so do theaghlaichibh, am fios beag goirid cudthromach so “Dh’èug Ioseph agus ä bhràithrean uile.” Le’n uile ghràdh agus fhuath, än eagal ’s an dòchas an co-thàladh teaghlaichail (de’n ghnè bha annta) am peacanna teaghlaich—dh’ fhalbh iad air fad o’n talamh so, agus an t-àite do’m b’ aithn’ iad uair-éigin cha’n eòl dha iad tuillidh ni’s mò. Agus c’iona chaidh iad? Agus ciod e am beachd a nis, agus am mothachadh air na cùisibh mu’n robh iad eòlach deanadach a bhos an so? Am beil iad co-aonaichte ann an tìr nam beannachd gu h-àrd? An d’rinneadh a ris comunn diubh ann an nèamh ni’s sona ’s ni’s seasmhaiche na bha an teaghlaich air thalamh. ’Bheil Ioseph agus ä bhràithrean Beniamin gràdhach, seann Iàacob, am bheil iad uile cruinn an sòlas, gun sgaradh tuillidh gu brath? No am beil dealachadh eagalach ann, agus am bheil cuid d’an àireamh taobh thall an t-sluic mhòir—’an dìomhanas a’ gearan an àma anns nach tilgeadh iad an crannchur maille riùsan a bha dileas do Dhia “an athar?” Cha’n fhaod sinn am brat-sgàile a thogail, agus cha’n fhaod sinn a mheasrachadh ’nar n-inntinn ciod è rùnaireachd fhalaich an t-taoghal neo-fhaicsinnich. Is leòr e gu bheil iad uile marbh agus gu’n do dhealaich iad ris gach uile ni mun robh iad iomaguineach, agus gu’n d’ fhoghlum iad uile a nis-gu bheil “aon ni féumail.”

Gu'n deònaicheadh Dia gu'm bu leòr dhuinne an leasan so fhoghluim a nis', mu'm bi e tuillidh 's anmoch; mu'n cuirear 'an céill umainne agus mu na teaghlaich 's a' bheil sinn a còmhnaidh, gur h-e deireadh goirid an sgéoil gu'n d' éug sinne agus ar bràithrean uile. O! gu'n cuireadh Dia féin iompaidh oirnn, gu'n cleachdamaid seirc'n ar dachaidhnean 'an duil ri spiorad agus ri dòchas neimh, chum's gu'm faodar a ràdh umainne 's mu'r bràithribh ann am briathraibh arda naònha Dhaibhi' na bhròn thar Shauil agus Ionatain. "Bha iad gràdhach taitneach 'näm beatha, agus 'näm bàs cha deach an dealachadh. Mar sin dh'éug Ioseph, agus ä bhràithrean uile."

III. "Agus an ginealach sin uile." Tha sruth na bàsmhorachd a nis a' ruith ann an amar ni 's farsuinge. Sguab e leis do mhòrchuan na siorruidheachd uile mhuirichinn teaghlaich, uile theaghlaichean fine. Tha'n dealachadh eadar daoine fa leth agus eadar theaghlaichean air an call. Leagadh a h-uile comharra-tìre. Tha na caochlá àmanna agus na caochlá siubhal air falbh, air dol fodha, agus bàite anns an aon fhios so mu'n ionlan, nach 'eil mairionn de'n bha aon uair beò air an talamh, aonan—"Dh'éug Iòseph, agus a bhràithrean uile, agus an ginealach sin uile." Dh'fhalbh cuid dhiubh ann am maothalas na h-òige, an-fhiosrach mu pheacannan agus mu fhulangais na beatha; dh'fhalbh cuid 's an cinn air liathadh 's iad 'gan sàrachadh le ionad amhgar. Chaidh cuid a dhìth le laimh an Ainneirt—cuid le meath nadurra. So fear air a bhualadh gu h-obann gu làr—sin fear eile a' fulang gu goirt fo anshocair mhàirnealaich chràitich. An tréun-fhear 's an lag-fhear—an duin' ardanach 's an diol-déirce—an righ 's an t-iochdar—co dhiubh bha e 'an soirbheas no 'ga eiridinn aig càirdibh, no anii am bochduinn thiamhaidh thruaigh, gun charaid aige no bràthairadhùnad na sùla luainich—dh'fhalbh iad gu léir. Bha mile aobhar aig gach mile sluaigh air

teachd gu'n crìch, agus rainig iad am binn fa leth air ioma seòl gun àireamh. Air a' chogadh, aig a' phlàigh 's aig a' ghorta bha an cobhartach féin ma seach. Ghiùlain ciont air falbh, 'nan aon tréud neo-chomharraichte, na seirbhisich a chuidich a thaitneachas a chur air adhart-na h-oinidean a ghlacadh 'na ghoisnean. Rinn Mìbheus cobhartach de anama nnaibh agus de chorpaibh crainnte ä luchd-leanmhuinn. 'Stric a spiol Teagmhais gu h-ealamh snàithean na beathe as a chéile. An grath-fhear a measgachadh fuil dhaoine le'n iobairtibh—an tòr a' tuiteam 's a spliachdad'h ä luchd-àitich fo ä chudthrom—an teine 'gramachadh air an tigh-chònайдh mu mheadhon oidhche, no air an luing fad as air a' chuan,—sgian a mhortair—an copan nimhe—treachladh truagh beatha fhada a' cogadh ri uilc an t-saoghail—thug iad sin uile mach buaidh-làrach air an dream phlròiseil sin a ta' riaghladh an t-saoghail so 'bos. Chaidh uaigh fhosgladh 'an deigh uaighe agus a lionadh ; chaidh duine 'n deigh duine air slighe na h-uile fheòla; chaidh cuirp ùra chur 'an tasgaidh 's an uaigh shàmh-aich ; chaidh ùr luchd-bròin feadh nan sràidean. Agus na bha de shluagh còmhla air uachdar na talmhainn aon uair, cha mhaireann aonan diubh—dh' fhalb iad air fad. B' iomadach än leanmhuinnean, än saothair, an leas, an sòlas 's äm bròn—b' iomadach än eachdraidhean caochlaideach, ach fòghnaidh an aon bhinn choitcheann do'n iomlan—"Dh'èug Iòseph, agus ä bhràithrean uile, agus an ginealach sin uile."

Agus tha nis ginealach eile a' gluasad 'an àite na dh' fhalbh ginealach, ge lionar a theaghlaichean, nach urrainn aon neach a thaisbeanadh gu bheil co-cheangal aige ris a' ghineil mhairbh a ta e'saltairt air an luathre. Deanaibh-se 'nur ninntinn féin, an tionndadh clis a rinn an t-eachdraiche ann ä sgéulan deis-leum a thug e thar astar bhliadhnachan, ri linne animeachd nam breth 's nam bàs siubhal gu socrach a' falmhachadh, ach fos a' sior àiteachadh na talmhainn agus g'a

cumail daonnan làn. Dean de'n astar sin, mar a rinn esan, aon fhàslach ionlan, glomhas cianail, slochd mòr. Thig-eadh a stigh eadar cadal no di-chuimhne cheud bliadhna ; agus 'nuair dhùisgeas tu mar á' neul, gu'm b' ann a bhios tu a measg mòr-shluagh cho dian 's cho surdail 's a bha an dream a rinn thu fhàgail, ach buidheanna measg nach faic thu aghaidh aon chàraig 'ga nochdadadh fein do d'shùil. Tha a' chùis ionann 's mar bha i roimhe, ach O ! an t-atharrachadh a thainig oirre.

Dhearrbh thu féin a chùis air a' bheil sinn a' tighinn ann a'd' fhiosrachadh féin, ann an gnothach bu lugha na so. Ann an àm brònach na diobairt nach do mhothaich thu do chràdh a' meudachadh 'nuair a bha am Bàs 'n a'd' chridhe 's 'n a'd' thigh féin agus a chitheadh tu mu d' thiomchioll sùrdalas agus ùpraid an t-saoghal a' dol air än aghaidh ! Och ! cia cianail e ceum a mach á seòmar sgàilte a' Bhàis, no a tigh aònarách na truaighe, agus seasamh air ball ann an soillse dhealraich an latha agus éisdeachd ri stararaich 's gleadhraich an t-sluaigh amuigh ? Cia cianail leatsa a' ghrian fhaicinn a' dealradh mar a b' abhaist dh'i, an talamh uaine fo fhiamh-ghaire mar bu ghnà, nàdur uile fo ghàirdeachas éibhinn mar a b' abhaist am feadh 'tha 'n t-iomlan dhuitse mar fhàsalachd ; 's tu fo smàlan an trom bhuille a rinn do leòn, cha cheòl leatsa 'san àm ceilearadh nan guth binne mar gu'm b' ann ri fochaid air do léir-sgrios ; is cianail measgadh feadh na mòrbhuidhne gun truas dhiot; is leòr a shamhuil so a dh'iompachadh do bhròin gu bàini agus a thoirt ort gràìn a ghabhàil d'an bheatha agus d'an t-solus a tha toirt oilbheum mar so do d' mhulad. Ann 'bhi smuaineachadh air do shiubhal fein, mar an céudna, nach éil am beachd so agad air, tiambahachd a' bhàis, (gu'n éirich feadhain eile suas do nach b' eòl thu) 'nuair ni thus' éug 's a theid do shìneadh 's an uaigh fhois-nich ? 's gann gu'n dean do bhàs-sa 'bheag idir de ghràbadh

a chur air dian-adhartachadh agus dian-chabhaig chùisean an t-saoghail, agus cha mheasar do shiubhal-sa ach mar am boinne uisge thig as a' mhòr—shruth a ta, 'dh'aindeoin sin, a' ruith sios 'na lànachd 's 'na mhòrachd do ghnà.

Ach, 'an so, 'se ginealach iomlan, 's ä theaghlaichean uile 'chaidh a shlugadh suas ann am farsuingeachd fhial na huaigne. Ach, faic! tha 'n talamh fathast air ghluasad le saothair agus sùrd air ghnothaichibh mar bh'ann roimhe; gach uile uallach leis an aon ghreadhnachas, 's leis na mòr-chuisean céudna 'bha ann o shean; uile 'an sàs aig na diomhanais 's aig na faoincisean a chum greim air sluagh an t-saoghail, roimhe so; agus mo chreach! tha na peacanna céudna a rinn mealladh agus fealladh air uile luchd-àitich na talmhainn riamh o thoiseach an t-saoghail, fathast, a' tèadh 's a milleadh an t-sluaign.

Nach 'eil againn teagasc anns an sgàil a ta adhlacadh an-abharrach so ginealaich iomlain a' tilgeadh thar gach ni dhiubh so uile, ann an aon rann aithghearr? Ciod iad air fadaoibhneas agus bròn, cùram, saothair, agus aoibhneas na beathaso ach ciod iad 'nuair a dh' fhosglas dorus na sìorruideachd a dh' fhalach o'r sùilibh nam muillion a chleachd iad uile aon uair mar ta sinne nis? Ciod iad uile nis, leis na deòir 's na fàitean, do'm b' aobhar iad, do na muillionaibh ud leis am bu bheachd gu'm b' iad ö chianaibh a h-uile sòlas. Ciod a bhitheas annta gu léir dhuinne 'nuair a dh' fheumar a' ràdh mu gach neach againn, mar thubhradh gu h-aithghearr mu Iòseph, agus ä bhräithrean uile, agus mu'n ghinealach sin uile.

Adhlacadh cinnich iomlain! gach aon diubh, an teaghlach, agus an slàn mheall beatha so air a mheasgachadh anus an aon uaigh choitchean! air chìnnt is smuain chudthromach so. Tha i 'labhairt ri'r mothachadh nàdurra. Ach nach eil i fòs a' ruigsinn gu ar mothachadh spioradail? Cha 'n eil mòr-

earbsa r'a chur ann am mothachadh nàdurra. Is furasda gluasad a chur fodha, 's tha e cho furasd a chiùineachadh. 'S iad garg-ghluasaid di-mhothachaidh fhaoin na criochan eadar a bheil e a' siùdan 's ag udalan. Is buaidh fhaoin neo-airidh uachdranachd 'fhaotainn air a cho-fhulangas, car tiotain. Air an laimh eile, gheibh Creideamh cùis smuain-eachaidh a's 'truime 's a's mairsinniche 'an so. 'S e'm Bàs an t-ard-roinneadair. Dealainchidh e teaghlaich agus gear-raidh e càirdean o chéile, a' bristeadh nan ceangal a's tinne, agus is ceann-aobhair e air na co-bhanna a's dlù—cheangailte ri chéile a thuitem sios 'nam bruán. A' teachd, mar tha e air a chinne-dhaonna aon air an aon, a' sonrachadh gach neach fa leth, an déigh a chéile—tha e, mar gu'm b'ann, a' tarruing a mhàin gach monaidh's gach beinne chum a' ghràinnean d'an deach air thùs an deanamh suas, a' gabhail cùnnatais fa leth dhiubh ma thàinig e stigh d'a chraos neoshàsta. Ach 's e'm Bàs, mu dheireadh thall, mar an céudna, an t-aonadair mòr. Ged ni e daoine a dhealachadh bheir e ritist cuideachd iad mu dheireadh. Dh' fhosgail an cladh ä ghiallan a chur dealachaidh eadar bhràithrean agus chairdean ach gu goirrid fosglaidh e iad aris a mheasgachadh än luathre dhaimheil 's an aon duslach choitcheann.

Ach am bheil an aonachd a ni am Bàs cinnteach, taileil, agus maireannach?

“Dh’-éug Ioseph,” agus ä bhràithrean uile, agus an ginealach sin uile. Thainig am Bàs orr’ uile, chionn gu’n do pheacaich iad uile—’Se crannchur nan uile so—so an eachdraidh choitcheann—dearbh-shamhuilt air a h-uile ni.

Agus tha crannchur coitcheann eile ann—eachdraidh chumant eile dearbh-shamhuilt eile air gach ni; “agus ‘an déigh a’ Bhàis tha am Breitheanas.” Eirigh Iòseph aris, agus ä bràithrean uile, agus an ginealach sin uile. Agus seasaidh iad uile ’am fianuis na cathrach-breitheanais. Tha aonachadh

’an sin. Tha am beag ’s am mòr ’an sin, an t-oglach agus ä mhaighstir—tha na h-uile ’n sin còmhla. Ach c’ar son sin ? Agus cia fad a bhitheas ? “Theid na h-aingidh gu peanas - sìorruidh ; ach theid na fireana gu beatha mhaireannaich.”

Nach cudthromach an t-eadar dhealachadh a th’ againn ’an so ? Co-aonaidh am Bàs sinn ’an déigh är sgäradh; co-aonaidh am Breitheanas sinn a chum ar sgäracchduinn a rìs. Ann a bhi crëòchnachadhimeachd na beatha so sgaòilidh am Bàs a bhrat-sgàile mòr thar an t-saoghail uile agus thar a luchd-àitich. Fosglaidh am Breitheanasimeachd na siorruidheachd agus foillsichidh e gach sealladh agus an sluagh uile ni ’s tur iomlaine na chunncas iad ’an so. Eugaidh sinn uile; bheòrear breth oirnn uile; thig an dà char sin oirnn uile maraon. Agus tha ’n dà ni sin àm fagus ; chionn tha ’n aimsir goirid tha ’n Tighearn aig làimh.

Ach roimh ’n Bhàs agus roimh ’n t-siorruidheachd tha an soisgeul a ta nis ’g ä shearmonachadh gu saor, do gach uile. Agus cluinnear guth ag ràdh—“Feuch tha mi’m sheasamh aig an dorus, agus a’ bualadh ; ma dh’ fhosglas neach sam bith dhomh, thig mi stigh d’a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir leis, agus esan leamsa.” Toisicheadh a’ chuiragh-ghràidh so ann an cridhe’n deigh cridhe, mar bhàsaicheas do’n pheacadh, peacach an lorg peacaich ann an Criod, agus a-bheothaichear iad do Chriod ann an Dia. Agus ’nuair dhealaichear o chéile aon a’s aon fa leth, agus teaghlaich ’s agus ginealaich, chum ’bhi air an aonadh ri chéile, aris air an sgäradh leis a’ Bhàs, air an aonadh ’s a’ bhreitheanas, chum a bhi air an dealachadh fa dheòidh ré na siorruidheachd, gu’m b’e ar sochair ne coinneachadh aig suipeir—phòsaidh an ’Uain far nach eil dealachadh tuillidh gu bràth.

2
306
CP

